

Forest Heritage Scotland

Discover your roots in Scotland's forests

www.forestheritagescotland.com

***Boc Goibhre Ghairbh
Ailig Iain MacUilleim***

Bha duine ann an Loch a' Bhraoin, agus 's e Ùisdean Mòr Mac'IllePhàdraig, b' e sin an ainm aige. Agus 's e duine glè mhath a bh' ann. Agus duine tapaidh a bh' ann. Agus an uair sin, bha bòcan air an abhainn aig Garbh, agus bha esan a' dol sìos a dh'Inbhir Pheofharan, agus thàinig e sìos tro Gharbh, agus chaidh a-steach anns an abhainn. Nis, bha an abhainn, bha i gu math mòr, bha i gu math meudail, agus nist, bha còir aige air duine fhaighinn a chuireadh a-nall an abhainn e, ach cha deach e.

Bha breabadair ann an Garbh, 's e esan a bha a' toirt na h-uile duine a-null an abhainn 's a-nall an abhainn. Agus 's e sia sgilinn a bha e a' faighinn airson seo a dhèanamh, agus thàinig a-nis Ùisdean gu bruach an abhainn, agus char e tarsainn an abhainn, 's dar a chaidh e tarsainn an abhainn, bha am breabadair ann an sin, agus thuirt e, "Bha còir agad," thuirt e, "frithealadh dhomh, 's e mise am fear," thuirt e, "a tha ga do thoirt a-null an seo, tha mise a' toirt a h-uile neach a-nall an abhainn seo agus a-null an abhainn. Agus tha mi . . . cha chosg e ach sia sgilinn dhut."

"Uill, cha chosg e sia sgilinn dhomhsa," thuirt e, "oir thàinig mi a-nall mi fhèin!"

"Tha mi a' faicinn sin," thuirt e, "Ach dh'fhaodadh tusa do bheatha a chall," thuirt e, "ann an sin."

"Carson," thuirt e, "a bha mi a' dol a chall mo bheatha?"

“Uill, nach eil thu...rud cianail ri fhaicinn air an abhainn sin?”

“S dè a th’ ann?”

“Ò ’s e a th’ ann ach droch rud, agus ma choinnicheas e riut,” thuir e, “bidh tu marbh.”

“Ach,” thuir e, “chan eil fhios a’ m, tha gunna agam-as”

“Gunna, agus dè ma dhiùltas an gunna,” thuir e.

“Ò,” thuir e, “cha dean e sin roimhe, ach dh’fhaodadh gun dèan e, chan eil fhios a’ m.”

“Agus ma dhiùltadh an gunna, dè dhèanadh tu?”

“Ach, tha claidheamh agam” thuir e, “bheirinn a’ chlaidheamh a-mach.”

“Agus dè mura tigeadh a’ chlaidheamh,” thuir e, “às an truail? Dè mura tig e às an truail?”

“Chan fhaca mi sin riamh,” thuir e, “a’ tachairt.”

“Ach dh’fhaodadh e tachairt!”

“Chan eil fhios a’ m. Ach,” thuir e, “ma thachras sin,” thuir e, “bheir mi fead air piuthair mo sheanmhar.”

“Fead air piuthair do sheanmhar?” thuir e.

“Aidh,”

“Ò,” thuir e, “Chan aithne dhomh piuthair do sheanmhar.”

“Chan aithne dhut.”

“Chan aithne dhomh idir.”

“Nist,” thuirt e, “tha mi falbh, ’s tha mi dol sìos a dh’Inbhir Pheofharan, ’s chì mi thu,” thuirt e, “dar a thig mi air ais.”

’S char e sìos a dh’Inbhir Pheofharan is dh’fhaodte gun robh e oidhche ann, ach an làrna-mhàireach bha e air ais. ’S ràinig e Garbh, ’s thachair am breabadair ris.

“Nist,” thuirt e “’s fheàrr dhomhsa tighinn cuide riut,” thuirt e “agus feuchainn dhut . . .”

“Cha ruig thu leas,” thuirt e, “chan eil mi gad iarraidh idir. Thànaig mise a-nall an abhainn, fhios a’d, is thèid mi nis a-null an abhainn,” thuirt e. “Cha ruig thu leas tighinn idir.”

“O uill,” thuirt e, “bi dol,” thuirt e, “ach air do cheann fhèin,” thuirt e, “gum biodh e.”

“Glè mhath,” thuirt Ùisdean. Agus thàinig a-nis Ùisdean a-mach gu, ò bha e a’ dol agus thàinig e a-mach gu meadhan an abhainn. ’S dar a thàinig e a-mach gu meadhan an abhainn, chunnaic e a’ chùis-uabhais seo, agus bha e coltach ri boc goibhre ach bha e fada na bu mhotha na sin, bha e glè mhòr. Agus thàinig e dìreach m’ a choinneimh. Thionndaidh Ùisdean ris leis a’ ghunna, ’s chuir e a ghunna ris, ach dhiùlt an gunna.... [Ch—] e ris, is thug e a-mach a’ chlaidheamh, is dh’fheuch e ris a’ chlaidheamh a thoirt a-mach às an truail, ach cha tigeadh a’ chlaidheamh a-mach às an truail. Cha tigeadh. Rinn e a-rèist fead le chorrach, is thug e a-mach a bhiodag, ’s chuir e a’ bhiodag a-staigh ann an cliathaich an rud a bh’

ann, agus leòn e e gu dona, 's thuit e, 's bha sruth na fala anns an abhainn.

'S thàinig Ùisdean is char e seachad, 's cha deach e gu Strath Carrunn. . . is thàinig e air ais, ach feumaidh mi dol air ais, gus am faic mi, 's thàinig e air ais, 's bha e a' bruidhinn ri feadhainn dhe na nàbaidhean, 's dh'innis iad dha gu dè thachair dhan a' bhreabadair, gun robh am breabadair gu tinn 's gun robh e air leabaidh a' bhàis. Ach char e a-staigh, 's thuit e ris a' bhreabadair dar a char e a-staigh gus an leabaidh, 's thuit e ris a' breabadair, "Ciamar a tha thu an-diugh?" thuit e.

"Chan eil mi glè mhath," thuit e, "tha . . . ghabh mi pian cianail cianail," thuit e, "anns a' chliathaich, agus tha mi a' dèanamh a-mach," thuit e, "gu bheil mi a' tighinn gu ceann mo latha."

"Ò, dh'fhaodadh sin a bhith," thuit Ùisdean, is thug e sìos an t-aodach dheth, agus thuit e ris, "Cha chreid mi," thuit e, "nach robh piuthair mo sheanmhar a' sealltainn ort."

"Ò," thuit e, "dh'fhaodadh gun robh, dh'fhaodadh gun robh."

"Niste," thuit e, "'s e m'... droch droch...., agus 's e thusa," thuit e, "a bha air an abhainn, 's e thusa a bha a' cur feagal dhan tsluagh, a' toirt bhuapa an cuid airgead, airgead nach eil aca aig mòran dhiubh, 's bha thusa a' dèanamh sin," thuit e, "gu deireadh an latha, air ais 's air adhart, dh'fheumadh," thuit e, "gum biodh tu a' dèanamh rud Ach," thuit e, "cha dèan thu an còrr dheth. Tha a-nist fios agam," thuit e, "is bios na nàbaidhean a' bruidhinn ort," thuit e, ". . . chan eil fhios a'm."

Agus sin agad Sgeulachd Ùisdean Mòr Mac'illePhàdraig
agus am breabadair agus am boc goibhre.

This is the transcript of the audio file available at
www.forestheritagescotland.com

